



Dè tha Granaidh ris?



Jamila Gavin • Rhian Nest James

Dè tha Granaidh ris?



An teaca Jamila Gavin
Dealbhan Rhian Nest James
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Granaidh na suidhe air beinge sa
ghàrradh.

Bha bior mòr aice.

Bha snàth-cotain geal aice agus siosar.



Chaidh am bior a-steach.

Chaidh am bior a-mach.

Chaidh am bior a-steach agus a-mach
agus os cionn agus fodha.



“Dè tha sibh a’ dèanamh?” thuir Amina.

“An e brat-ùrlair a th’ ann?”

“Chan e,” arsa Granaidh.

“Chì sibh!”



“Granaidh, dè tha sibh a’ dèanamh?” thuirt Ali.

“An e lèine a th’ ann?”

“Chan e,” arsa Granaidh.

“Chì sibh!”



Chaidh Ali gu Seanair.

“Am faod mise a dhol dhan mhosg?”

thuirt Ali.

“Faodaidh tu a dhol ann còmhla riumsa,”

arsa Seanair.



Chuir Ali air lèine gheal.

Chuir e air briogais gheal agus brògan.

“Nis faodaidh mi dhol dhan mhosg,”
ars Ali.



“Am falbh sinn a-nis?” thuirt Ali.

“Chan fhalbh,” arsa Seanair.

“Carson?” thuirt Ali.

“Chan eil ad ort,”
arsa Seanair.



Choimhead Ali airson ad.

Choimhead e sa phreasa.

Choimhead e fon leabaidh.

Ach cha d' fhuair e an ad.



Bha Granaidh air beinge sa ghàrradh.

Chaidh am bior a-steach.

Chaidh am bior a-mach.

“Ali!” dh’èigh i.

“Trohad an seo.”



Chaidh Ali a-mach gu Granaidh.

“Rinn mi ad dhut,”

thuirt Granaidh.

Chuir i an ad air a cheann.

Bha Ali cho toilichte.



“Nis faodaidh tu dhol dhan mhosg,”
thuirt Seanair.

Agus chaidh iad ann còmhla.